

Dè th'ann an diosleacsia?

Le taic iomchaidh, faodaidh òigridh agus inbhich le diosleacsia a' cheart uimhir a choileanadh ri neach sam bith. Tha piseach ri bhuinnig do dhaoine a tha ag ionnsachadh fo bhuidh diosleacsia le bhith ga aithneachadh tràth, a' faighinn cobhair fhreagarrach agus teagasg le amasan èifeachdach, a' fuasgladh cothroman dhaibh soirbheachadh nan cuid ionnsachadh, tighinn gu bhith misneachail agus a' cur ri cùisean gu h-èifeachdach. Faodaidh diosleacsia buaidh a thoirt air an dòigh anns a bheil daoine a' conaltradh, agus tha e eadar-dhealaichte bho neach gu neach. Chan ann mu dheidhinn leughadh a-mhàin a tha seo agus chan eil e a' comharrachadh dhaoine gu bheil iad air bheag foghlaim.

Thathar a' tomhas gu bheil aon neach às gach deichnear le diosleacsia. Tha diosleacsia ri lorg anns a h-uile cultar, thar raon de chomasan agus ann an diofar sheòrsaichean dòigh-beatha agus suidheachadh eaconomach. Tha e an teaghlach, fad-bheatha agus ag atharrachadh tron eanchainn, ga mheasadh mar chiorram fo Achd na Co-ionannachd. Mur tèid diosleacsia aithneachadh, thig buaidhean leithid fèin-spèis ìosal, àrd-uallach, duilgheadasan giùlain agus droch ruigsinn am follais.

Buaidhean an co-cheangal ri diosleacsia

Laisean co-cheangailte ri diosleacsia

Faodar a bhith cruthachail agus còrdaidh gnothaichean practigeach ri daoine.

Duilgheadasan leughaidh, a' gabhail notaichean, diochuimhneachadh àireamhan, ainmean agus fiosrachadh mionaideach.

Sgilean làidir lèirsinn is smuaintean m.e. a' tuigsinn smaoinich ann an 3D, a' dealbh structaran bho phlanaichean.


Tàire cumail ris an uair, a' stiùireadh clàir-ama, a' rianachd aig obair imaa.

Deagh sgilean còmhraidh agus coluadar sòisealta.

Duilgheadasan le sgrìobhadh m.e. a' litreachadh agus a sgrìobhadh.

Math air a bhith fuasgladh thrioblaidean, a' smaoinich air rudan an dòighean neò-àbhaisteach, a' coimhead air cùisean gu h-iomlan.

Duilgheadasan air chuimhne sa gheàrr-ùine, duilgheadasan a' sreathadh m.e. a' leantainn stiùireadh, comhairle.



Ann an 2009, chaidh aonta a ruigheachd le Riaghaltas na h-Alba, Diosleacsia Alba agus Buidheann Thar-Phàrtaidh Diosleacsia Pàrlamaid na h-Alba air dè bu chòir a chleachdadh ann a bhith a' làimhseachadh shuidheachaidhean:

“Faodar diosleacsia a mhìneachadh mar loidhne de dhuilgheadasan ann a bhith ag ionnsachadh leughadh, sgrìobhadh agus/no litreachadh, a tha a' maireachdainn a dh'aindeoin chothroman ionnsachaidh freagarrach. Gu math tric, chan eil na duilgheadasan a' comharrachadh comasan inntinne an neach agus `s dòcha nach eil iad nan sàmhla air giùlan an suidheachaidhean eile. Tha am bacadh a tha diosleacsia ag adhbhrachadh a thaobh ionnsachaidh ag atharrachadh a-rèir àrainneachd an ionnsachaidh agus teagasg, chionn gu math tric tha duilgheadasan an lùib sin.” (Tha an làn-mhìneachadh ri lorg air làrach-lìn Diosleacsia Alba).

Dè an taic a tha freagarrach?

Bu chòir do thaic a bhith a' freagairt air an t-seòrsa ionnsachadh agus feumalachdan gach neach òg no inbheach fa-leth. Air uair, gheibhear fuasgladh gu math èifeachdach ach sìmplidh air suidheachaidhean le bhith a' cur ceist air an neach air a bheil an diosleacsia. Am measg na dh'fhaodas cuideachadh tha:

- Aithne aig ìre thràth agus taic fhreagarrach cho luath sa ghabhas
- Taic cho-aoisean le suidheachaidhean leughaidh/sgrìobhadh
- Stiùireadh phròiseactan le leithid clàradh-inntinne agus clàir-ama
- Gnìomhan agus stiùireadh riatanach a thoirt seach an riochd grafaigeach
- Taisbeanaidhean daithe agus pàipear le diofar dhathan a chleachdadh
- Teicneòlas choimpiutairean agus Fiosrachaidh (ICT) a chleachdadh son sgrìobhadh, leughadh agus clàradh fiosrachaidh.

Gheibhear fiosrachadh mu thaic chloinne ann am foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns a' Bhocsa-uidheamachd Air-loidhne '**Dèiligeadh ri Diosleacsia**'.

www.addressingdyslexia.org

Tha e deatamach cumail air chuimhne gu bheil gach neach le diosleacsia eadar-dhealaichte agus gum bi diofar bhuidhean agus laigsean aca agus gun obraich ro-innleachdan eadar-dhealaichte dhaibh.

Tuilleadh fiosrachaidh

- **Dyslexia : A Beginner's Guide** le Nicola Brunswick
- **Dyslexia and Us** : cruinneachadh de sgeulachdan pearsanta le Diosleacsia Alba
- Tha raonn de bhileagan feumail foillsichte le Diosleacsia Alba. Faic an làrach-lìn againn airson leth-bhreacan a tharraing sìos an-asgaidh.

www.dyslexiascotland.org.uk

Cobhair-fòn 0844 800 8484 no helpline@dyslexiascotland.org.uk

